


# Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig Annual Report 2022/2023



## Luchd-obrach 2022-23 Staff

### Leòdhas Lewis

Dòmhnall U MacGilleMhoire, Ceannard  
Donald W Morrison, Chief Executive

Dòmhnall I MacRisnidh, Ceannard Phròiseactan  
Donald J MacRitchie, Head of Projects

Mairead NicIlleathain, Manaidsear Oifise  
Margaret MacLean, Office Manager

Mòrag NicIlleathain, Eadar-theangair  
Morag MacLean, Translator

Jayne NicAsgaill, Oifigear Leasachaidh (Goireasan  
Bun-sgoile, Foghlam Gàidhlig)  
Jayne MacAskill, Development Officer (Primary  
Resources, Gaelic Education)

Criosaidh NicRath, Oifigear Leasachaidh,  
Pròiseact Briathrachais  
Chrissie MacRae, Development Officer,  
New Terminology

Kristy Nic a' Ghobhainn, Neach-dealbhachaidh agus  
Neach-taic Phròiseactan  
Kristy Smith, Designer and Projects Administrator

Jamie MacGillEathain, Neach-taic Rianachd  
Jamie MacLean, Admin Assistant

### Inbhir Nis Inverness

Catriona Mhoireach, Oifigear Dearbhadh Càileachd  
Catriona Murray, Quality Assurance Officer

Aonghas I MacDhòmhnail, Oifigear Curraicealam  
Angus J MacDonald, Curriculum Officer

Angela Nic a' Mhaoilein, Oifigear Leasachaidh (Goireasan  
Bun-sgoile, Foghlam Gàidhlig)  
Angela MacMillan Development Officer (Primary  
Resources, Gaelic Education)

### Port Rìgh Portree

Niall Mac a' Ghobhainn,  
Ceannard Seirbheisean Leasachaidh  
Neil Smith, Head of Development Services

Emma Burrows, Sgrìobhaiche Cùrsa  
Emma Burrows, Course Writer

### Uibhist a Tuath North Uist

Màiri NicRisnidh, Oifigear Curraicealam  
Mairi MacRitchie, Curriculum Officer

### Beinn na Faoghla Benbecula

Sarah NicEachainn, Oifigear Curraicealam  
Sarah MacEachen, Curriculum Officer

### Ceann Rois Kinross

Áine Dhruimeanach,  
Prìomh Neach-dealbhachaidh (Clò)  
Anne Drummond, Principal Designer (Publications)

## BUILL A' BHÙIRD-STIÙIRIDH 2022-23 Board Membership

### Gillian Campbell-Thow

**Cathraiche**  
Comhairle Baile Ghlaschu  
*Chair*  
Glasgow City Council

### Bethan Owen

Comhairle Baile Dhùn Èideann  
*City of Edinburgh Council*

### Brendan Docherty

Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid  
*Argyll and Bute Council*

### Jill Woodward

Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath  
*North Lanarkshire Council*

### Lena Walker

Comhairle na Gàidhealtachd  
*Highland Council*

### Evelyn Coull NicLeòid

*Evelyn Coull MacLeod,*  
Comhairle nan Eilean Siar

# RO-RÀDH BHON NEACH-CATHRACH

Chairperson's Introduction Gillian Campbell-Thow

A' cnuasachadh air a' bhliadhna a tha air a dhol seachad, tha e follaiseach gu bheil dealas daingeann Stòrlann a thaobh taic a chur ri Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus foghlam Gàidhlig cho làidir 's a bha e riamh. Ann an suidheachadh a tha a' sìor atharrachadh, tha am buidheann air seasmhachd, so-fhreagarrachd agus ùr-ghnàthachas a shealltainn uair eile.

Air a' bhliadhna dhùbhланаich seo, tha Stòrlann air coileanadh na bha air a shùileachadh bhuapa, mar a chaidh a chomharrachadh leis an Stiùiriche. Chùm sinn a' cur prìomhachas air seirbheisean-taic do sgoilearan, tidsearan agus pàrantan – ceum cudromach a leig leinn cruinneachadh farsaing de ghoireasan air-loidhne a leasachadh agus a ghleidheadh, do luchd-ionnsachaidh agus fileantaich ann am foghlam bun-sgoile agus àrd-sgoile. Tha an taic leantainneach do fhoghlam ro-sgoil fo bhratach Gàidhlig nan Òg na dearbhadh air an dealas a thaobh leasachadh Gàidhlig iomlan.

Chunnaic sinn mar a ghluais an t-Alltan – tachartas leasachadh dreuchdail – gu siùbhlach gu riochd air-loidhne is iomadh seisean trànaidh ùr air a chur ris. Tha co-obrachadh fhathast aig cridhe mar a tha sinn a' fàs agus tha compàirteachasan le Àrainneachd Eachdraidheil Alba, e-Sgoil, Foghlam Alba, Foras na Gaeilge, Colmcille agus buidhnean eile air a bhith nam meadhan air faire leasachadh Gàidhlig a leudachadh.

*As we reflect on the year that has just passed, it's evident that Stòrlann's unwavering commitment to supporting Gaelic Medium Education and Gaelic language education remains as robust as ever. In a landscape that continuously evolves, our organisation has once again demonstrated resilience, adaptability, and innovation.*

*In this challenging year, Stòrlann has consistently met expectations, as aptly pointed out by our Chief Executive. We continued to prioritize the support services for school children, teachers, and parents – a crucial step that enabled us to extend and maintain a comprehensive collection of resources online, both for learners and fluent speakers in primary and secondary education. Our continuing support for pre-school education through learning resources under the Gàidhlig nan Òg banner is testament to our commitment to holistic Gaelic language development.*

*We witnessed the professional development event, An t-Alltan, transition seamlessly to an online format with many new training sessions being added. Collaboration remains at the core of our growth, and our partnerships with Historic Environment Scotland, e-Sgoil, Foghlam Alba, Foras na Gaeilge, Colmcille, and many more have been instrumental in expanding the Gaelic development horizon.*

Gun teagamh, thàinig iomadh dùbhlann an cois COVID-19. Ge-tà, lean sinn le ceumannan ro-ghnìomhach airson taic a chur ri sunnd inntinneil agus faireachail an sgioba. Tha proifeiseantachd, spiorad agus dealas an sgioba air a bhith mar lòchran ann an amannan duilich, mar a chaidh a ràdh ann an aithisgean ron seo. Mar as àbhaist, tha am bòrd taingeil airson dìcheall gach neach ann an teaghlach Stòrlann.

A' dol air adhart, tha raon farsaing de dh'iomairtean romhainn airson leasachadh a thoirt air eòlasan ionnsachaidh bho ro-sgoil suas gu àrd-sgoil. 'S e an t-amas ceanglaichean nas làidire a bhrosnachadh eadar Stòrlann agus luchd-cleachdaidh nan goireasan agus le sin thig tuilleadh leasachaidhean a bhios a' comharrachadh dealas a' bhuidhinn don choimhearsnachd a tha sinn a' frithealadh.

Tha sinn a' cur luach thar tomhas air na tha lìonra thaiceil, dhiceallach, ùr-ghnàthasach de phroifeiseantaich a' cur ris a' chùis – sgioba Stòrlann, buill a' bhùird, sgoilearan, tidsearan agus mòran eile. Tha meas mòr againn air na compàirteachasan proifeiseanta tarsainn air gach roinn de leasachadh Gàidhlig, agus tha sinn taingeil do Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba airson taic a chumail rinn.

Gu bliadhna eile de shoirbheachadh, ionnsachadh agus fàs còmhla!

*COVID-19 undoubtedly presented a myriad of challenges. Yet, we continued with proactive measures to support the mental and emotional well-being of our team. Their unyielding professionalism, spirit, and dedication have been a beacon of light in these testing times, echoing sentiments shared in the previous reports. The board remains grateful for the efforts of every individual in the Stòrlann family.*

*As we step into the future, a broad spectrum of initiatives awaits, aimed at enhancing learning experiences from pre-school right up to high school. Our ambition to foster stronger connections between Stòrlann and our resource users will witness further developments, emphasizing our dedication to the community we serve.*

*To our supportive, diligent, and innovative network of professionals – including the Stòrlann team, board members, pupils, teachers, and many more – your contributions are invaluable. We continue to cherish our professional partnerships across all sectors of Gaelic development and remain thankful for the continued backing from Bòrd na Gàidhlig and The Scottish Government.*

*Here's to another year of shared successes, learning, and growth!*

# LÈIRMHEAS A' CHEANNAIRD

Chief Executive's Review, Dòmhnall U MacGilleMhoire

Le bhith a' dèanamh lèirmheas air a' bhliadhna gu deireadh Màrt 2023 tha e iomchaidh a chur an cèill g' eil adhbhar taingeachd againn mu choinneimh na h-ìre de shaorsa a nochd air fàire airson gluasad mun cuairt, coinneachadh ri chèile agus obrachadh mar bhuidhnean.

Mar as àbhaist, dh'obraich Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig gus goireasan, seirbheisean agus taic a sholar do gach neach, on a' bheag chun a' mhòir, a tha an lùib raon-obrach foghlam Gàidhlig. Tha toraidhean na seirbheis ioma-thaobhach agus riatanach. Chaidh raon farsaing de ghoireasan ùra a sgaoileadh gu sgoiltean.

Bu mhath leam taing air leth a thoirt do mo cho-obraichean, agus do na tha an sàs ann an raon-obrach foghlam Gàidhlig airson an taic a thaobh an n-amasan a libhrigeadh agus airson cruinneachadh farsaing de ghoireasan feumail a chur ann an làmhnan nan sgoilearan, nan tidsearan agus nam pàrantan.

Aig ìre na bun-sgoile chaidh an sgeama ùr fonaigs a chrìochnachadh an cois ultach de ghoireasan ionnsachaidh mar leabhraichean leughaidh agus stuthan airson slàinte agus sunnd. Chaidh làrach ùr fhosgladh air an topaig Gàidhlig ann an Alba – goireas a tha air a mheas mar nì a tha riatanach, le mòran de sgoilearan a' tighinn à dachaighean gun Ghàidhlig.

Am measg nan goireasan a chaidh fhoillseachadh airson luchd-ionnsachaidh san àrd-sgoil, tha còrr air 350 geama cànaid eadar-ghnìomhail airson leudachadh air na h-aonadan ionnsachaidh ann an Ceumannan.

Airson nam fileantach, chaidh a' chiad aonad de naoi fhoillseachadh fo bhratach Mise! Tha an t-sreath seo ag amas air sgoilearan a th' anns a' chiad bhliadhna den àrd-sgoil, le cuideam air na prìomh sgilean ionnsachaidh.

Tha sinn mothachail g' eil am barrachd de chleachdadh ga dhèanamh air stuthan ionnsachaidh a tha rim faotainn ann an riochd didseatach. Bu mhath leam aithneachadh a thoirt don sgioba bheag a tha an sàs anns an raon seo airson am beairteas de ghoireasan a tha iad a' cruthachadh airson taic a thoirt do raon ionnsachaidh na Gàidhlig.

Math 's gu bheil an sgaoilteachd mhòr de ghoireasan ionnsachaidh a tha rim faotainn airson foghlam Gàidhlig, tha Stòrlann ag aithneachadh g' eil beàrnan fhathast ri lionadh agus g' eil mòran obair fhathast ri dhèanamh airson na beàrnan a lionadh. Thathas cuideachd ag aithneachadh g' eil sinn beò ann an àm sam bheil bruthadh sònraichte air an sporan phoblach. Tha sin a' ciallachadh g' eil aig Stòrlann ris a' chòt' a ghearradh a rèir an aodaich.

A' togail air na h-atharrachaidhean a thàinig air dòighean obrach an lùib na buidhne ri linn COVID-19, chaidh co-chonaltradh a dhèanamh leis an sgioba airson am beachd fhaighinn air dòighean obrach a bhiodh freagarrach anns an àm ri teachd.

Tha e mar uallach air Stòrlann briathrachas ùr a stèidheachadh airson cuspairean sgoile. Air a' bhliadhna seo chaidh ùrachadh agus leudachadh a dhèanamh air briathrachas airson Cruinn-eòlas le glosaraidhean ùra air am foillseachadh.

Tha ùr-ghnàthachas a' leanntainn – gu sònraichte an lùib modhan ionnsachaidh ùra a tha an lùib teicneòlais mar cothroman air mas-fhìorachd, còdadh agus goireasan airson na h-innleachd ùr a tha ann an sgoiltean.

Tha na ceangalan agus an co-obrachadh ri Èirinn a' leantainn agus bha e na thoileachas an cothrom fhaighinn airson taic a thoirt do dh'iomairtean ionnsachadh Gàidhlig ann an Canada.

Thar na bliadhna a tha romhainn cuiridh sinn sùil ri leudachadh a dhèanamh air co-chonaltradh ri sgoilearan, pàrantan agus tidsearan airson dèanamh cinnteach gu bheil an guthan air an cluinntinn agus g' eil a' bhuidheann a' gabhail stiùir bhuapa a thaobh nam feumalachdan a th' aca.

Tha e iomchaidh taing air leth a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba airson na taic a tha iad a' toirt do Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig aig àm a tha dùbhlach do na h-uile.

Mar bhuidheann nàiseanta, tha Stòrlann a' dèanamh fiughar ri làn-phàirt a ghabhail ann an libhrigeadh nan amasan nàiseanta a nochdas romhainn an lùib Bile nan Cànan Albannach agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

# LÈIRMHEAS A' CHEANNAIRD

Chief Executive's Review, Dòmhnall U MacGilleMhoire

*In reviewing the year to the end of March 2023, it is fitting to express our gratitude for the return of a level of freedom to move around, meet one another and work in groups.*

*As always, Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig worked to provide resources, services and support to everyone, at every level, who is engaged with the Gaelic education sector. The outputs from this service are varied and essential. A wide range of new resources was distributed to schools.*

*I take this opportunity to express my gratitude to my colleagues and those who are involved in the Gaelic education sector, for their support in delivering our targets and for providing pupils, teachers and parents with high quality, useful resources.*

*At primary level the new phonics scheme was completed as well as a significant amount of learning resources such as reading books and materials for health and wellbeing. A new website was launched on the topic of Gaelic in Scotland – a resource which is considered essential as many pupils come from homes without Gaelic.*

*Among the resources published for learners in secondary school there are 350 interactive language games as an extension to the learning units in Ceumannan.*

*For fluent pupils, the first of nine units under the banner of Mise! was published. This series is aimed at pupils in the first year of secondary school and places an emphasis on key learning skills.*

We are aware that more use is being made of learning materials which are available in digital format. I would like to acknowledge the small team who are engaged in this work for the wealth of resources they are creating to support the Gaelic education sector.

*Although there is a wide range of resources available for Gaelic education, Stòrlann recognises that gaps remain to be filled, and that much work is yet to be done to resource various areas. It is also acknowledged that we live at a time when there is unusual pressure on the public purse. This means that Stòrlann must cut its coat according to the cloth.*

*In light of the changes in working practices brought by COVID-19, a consultation was held with the team to gather their opinions on working practices which would be suitable in the future.*

*It is Stòrlann's responsibility to establish new terminology for school subjects. This year terminology for Geography was updated and extended and new glossaries were published.*

*Innovation continues – especially in relation to new learning methods provided by technology, such as opportunities for virtual reality, coding, and resources for use with new devices in schools.*

*The links and collaboration with Ireland continue and it was a pleasure to have the opportunity to support Gaelic learning initiatives in Canada.*

During the coming year we aim to increase consultation with pupils, parents and teachers, to ensure that their voices are heard and that the organisation takes its lead from them regarding the resources they require.

*It is appropriate to give special thanks to Bòrd na Gàidhlig and The Scottish Government for the support they give Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig at a challenging time for all.*

*As a national organisation, Stòrlann looks forward to taking their full part in the delivery of the national targets which will be revealed in the Scottish Languages Bill and the new National Plan for Gaelic.*

# Geamannan cànan eadar-ghnìomhail do luchd-ionnsachaidh san àrd-sgoil




*An rud a thèid ionnsachadh le tlachd, cha tèid gu bràth air dìochuimhn'*

Am-bliadhna chaidh còrr agus 350 gèam cànan didseatach a chruthachadh do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san àrd-sgoil agus tha iad a-nis rim faighinn air làrach Ceumannan.

Chaidh na geamannan a chruthachadh leis a' phrògram *Wordwall* agus tha iad stèidhichte air cànan a tha a' nochdadh anns na leabhraichean Ceumannan 1 gu 5.

Saoilidh sgoilearan nach eil ann an cluich gheamannan ach spòrs is fealla-dhà, ach tha fios aig tidsearan gu bheil iad luachmhor dha-rìribh ann an iomadach dòigh a thaobh ionnsachadh agus teagasg cànan. Bidh 'ionnsachadh tro chluich' a' meudachadh misneachd sgoilearan, gam brosnachadh gu bhith nas deònaiche ionnsachadh, a' toirt faochadh do chlann bho ionnsachadh foirmeil agus bidh sgoilearan ag ionnsachadh cha mhòr gun fhiosta dhaibh fhèin. Bidh geamannan Ceumannan a' toirt cothrom do sgoilearan aig gach ìre comais na sgilean leughaidh, sgrìobhaidh agus èisteachd a neartachadh ann an dòigh a tha tarraingeach dhaibh.

Air làrach An t-Alltan gheibhear bhidiothan-trèanaidh Wordwall le stiùireadh do tidsearan air ciamar a chleachdas iad na geamannan agus ciamar as urrainn dhaibh an fheadhainn aca fhèin a chruthachadh.





# Interactive language games for high school learners

*That which is learned with pleasure, is never forgotten.*

This year more than **350 fun digital interactive language games** have been created for high school Gaelic learners. These are now available on a new 'Geamaichean' tab on the Ceumannan website. Games were created using the *Wordwall* program – a web-based games content generator – and focus on language that appears in Ceumannan textbooks 1 to 5.

Generally, pupils believe that playing games in class is just a fun time-filler, but language teachers know that games are an extremely valuable tool in terms of learning and teaching. Learning through play can have many benefits including increasing pupils' confidence and encouraging them to be more engaged in their learning. Furthermore, games provide a respite from more formal learning and pupils learn almost automatically despite themselves. The new suite of Ceumannan games aims to give pupils of all ability levels the opportunity to strengthen their reading, writing and listening skills in a way that appeals to them.


In addition to the games, we have created a series of video tutorials for teachers explaining how the games work and how teachers and pupils can easily create their own interactive content using Wordwall. Tutorials can be accessed on Stòrlann's Alltan website.



WordWall [1] – A' cruthachadh gheamannan air loidhne  
Emma Burrows



Tachartas Bhòrtail (Clàraichte)





## Gàidhlig ann an Alba

Tha an làrach-lìn seo a' leigeil le sgoilearan eachdraidh Gàidhlig ann an Alba a rannsachadh, bho àm Cholm Cille gu toiseach an fhicheadamh linn.

Tha e cudromach gum faigh luchd-ionnsachaidh taic gus loidhne-tìme de bheathannan, tachartasan agus linntean ann an eachdraidh a chur ri chèile. Bheir na fo-chuspairean a tha air an còmhdach air an làrach-lìn cuideachadh do sgoilearan na tachartasan a chur ann an òrdugh, agus leasachaidhean aig diofar amannan agus tro na linntean a thuigsinn: nuair a thachair iad, dè thachair agus ciamar a dh'atharraich rudan no a dh'fhuirich iad mar a bha iad.


Tha an làrach-lìn na chlàr sìmplidh de dh'eachdraidh, eòlas, cultar agus dualchas.

Tha earrannan ann air Gàidhlig mar chànan dùthchasach agus Gàidhlig mar chànan Ceilteach a bheir tuigse do sgoilearan air tùsan a' chànan, agus air carson a tha cànanan dùthchasach cudromach, agus carson a tha iomairtean ann gus an gleidheadh, an ath-bheothachadh agus am brosnachadh.

Tha am fiosrachadh air a chlàradh tarsainn air grunn fho-chuspairean a tha ag innse beagan mu thachartasan san àm a dh'fhalbh – mar eisimpleir, cur às do shiostam nan cinnidhean, buaidh na Banrigh Mairead, buil nam Fuadaichean air coimhearsnachdan na Gàidhealtachd, agus Reachdan Eilean I – agus mar a thug iad buaidh air cleachdadh na Gàidhlig thairis air na bliadhnaichean.

Leis na cuspairean a tha air an còmhdach air an làrach-lìn, gabhaidh grunn phròiseactan eachdraidh a sgrùdadh. Tha ceangal ann ri cuspairean cumanta a bhios clasaichean a' sgrùdadh nuair a tha iad ag ionnsachadh mar a thuigeas iad agus mar a nì iad coimeas ri Alba san àm a dh'fhalbh – mar eisimpleir, Na Lochlannaich agus Na Seumasaich – agus ri tachartasan nas giorra agus nas fhaisge 's dòcha, mar Cunntas-sluaigh na h-Alba agus Latha Eadar-nàiseanta Sluaghan Dùthchasach an t-Saoghail.

Faodar an làrach-lìn a chur gu feum airson fios a chur ri planadh, airson ionnsachadh a leasachadh, agus airson cur ri teagasg sa chlas. Tha e a' toirt cothrom air fiosrachadh luath, deiseil, as urrainn sgoilearan a chleachdadh airson rannsachadh pearsanta, agus as urrainn tidsearan a chleachdadh airson goireasan le sgaradh a dhèanamh do na clasaichean aca fhèin. Tha e an urra ri tidsearan fa leth ciamar a thèid a chleachdadh, a rèir feumalachd agus ùidh a' chlas.







## Gaelic in Scotland



This website allows learners to explore the history of Gaelic in Scotland, from the time of Colm Cille to the turn of the twentieth century.

It is important to help learners construct a timeline of lives, events and periods in history. The range of sub-topics covered within the website will help learners to sequence events and understand developments in time and through time: when they happened, what happened and how things changed or stayed the same.

The website is a simple record of history, knowledge, culture and heritage. The sections on Gaelic as an indigenous language and Gaelic as a Celtic language will help learners understand the origins of the language, why indigenous languages matter and why efforts are now being made to preserve, revitalise and promote them.

Information is documented across a range of sub-topics, all of which provide clues about how past events such as the abolition of the clan system, the influence of Queen Margaret, the effects of the Clearances on Highland communities and the orders of the Statutes of Iona, affected Gaelic usage over the years.

Topics covered within the website allow for the study of a range of historical projects.

There are links to common topics visited by classes when learning to understand and make comparisons with Scotland's past, such as the Vikings and the Jacobites, and to shorter, perhaps more topical events such as Scotland's Census and the International Day of the World's Indigenous Peoples.

The website can be used to inform planning, enhance learning and supplement classroom teaching. It facilitates quick and ready-to-use information that can be accessed by learners for personal research, or by teachers to create differentiated resources for their own classes. How it is used will be determined by individual teachers, based on the needs and interests of the class.



## Mise!

O chionn ghoirid, dh'fhoillsich Stòrlann a' chiad aonad ann an sreath de naoi – Mise! Tha Mise mar phàirt chudromach de ghoireasan Fileanta agus ag amas air sgoilearan fileanta aig toiseach a' chiad bhliadhna san Àrd-sgoil. Tha cuspairean leithid a' cur eòlas air caraidean agus tidsearan ùra, raon nas fharsainge de chuspairean, an sgoil an-diugh seach o chionn fhada, agus a leithid, uile air an còmhach. Tha measgachadh math de na ceithir prìomh sgilean ionnsachaidh air am measadh agus tha measadh nas fhoirmeile cuideachd aig deireadh an aonaid airson gach sgil.

Tha pasgan an tidseir/freagairtean agus faidhlichean fuaim an cois an aonaid.

A' leantainn air o Mise, tha aonad 2 à 9 san t-sreath – *Mise agus mo Shaoghal Nàdarra*, agus *Mise agus mo Laoich* às dèidh sin. Tha iad sin uile ag amas air ÀS1.



Recently Stòrlann published the first unit in a series of nine – *Mise! (Me!) Mise* is an important part of the Fileanta resources and is targeted at fluent pupils at the start of first year in High School. Topics such as getting to know new friends and teachers, a wider range of subjects, school today compared to long ago and similar topics are covered. A good mix of the four key learning skills is assessed and there is also a more formal assessment of each skill at the end of the unit.

A teacher's pack/answers and sound files accompany the unit.

Following on from *Mise*, is unit 2 of 9 in the series, *Mise agus mo Shaoghal Nàdarra*, (Me and my Natural World) and *Mise agus mo Laoich* (Me and my Heroes). These are all targeted at S1.




## Leughadh / Reading



### Ruaraidh agus an Reulaiche

Tha Ruaraidh a' smaoinichadh gun do lorg e soitheach-fànais dèideig anns a' ghàrradh, ach an uair sin tha e a' coinneachadh a' chreutair-fànais leis a bheil e! Tha an Reulaiche glè bheag agus glè fheargach agus glè fhada bhon taigh. Tha Ruaraidh an dòchas gun urrainn dha a charaid ùr a chuideachadh. Stòiridh shìmplidh do bhalaich agus do nigheanan. Tha caran gu leòr san sgeulachd a bhios tarraingeach do na leughadairean agus còrdaidh e riutha an leabhar seo a leughadh. Bhiodh e freagarrach do sgoilearan anns a' chiad agus anns an dàrna ìre.



### Sammy and the Starman

Sammy thinks he finds a toy spaceship in his garden but then he meets its alien owner! The Starman is very small, very angry and very far from home. Sammy hopes to help his new found friend. A simple story suitable for both boys and girls. There are plenty of twists and turns to keep the reader engaged and enjoy reading this book. This title would be suitable for pupils in first and second curriculum levels.



### Fear Fànais

Tha ceud cabhaig air Billy cuairt a ghabhail ann an seann shoitheach-fànais a sheanar. Gu mì-fhortanach, tha rudeigin a' dol ceàrr air an t-seann shoitheach-fànais agus tha iad a' dol air chuairt tron chrios-grèine gu lèir. Air a' chuairt tha Billy ag ionnsachadh rudan gu math inntinneach mun chrios-grèine, agus mu na thachair dha sheanair nuair a chaidh esan cuairt anns an fhànas. Làn fiosrachadh feumail mu na planaidean – deagh sgeulachd a tha gu litireil, a-mach às an t-saoghal!

### Space Ace

Billy is very excited as he is going to take a trip on his grandfather's old spaceship. Unfortunately, his grandfather's spaceship malfunctions, and they are off on a tour of the entire solar system. During their tour of space, Billy learns some very interesting facts about the solar system and learns what happened to his grandfather on his tour of space. Plenty of interesting factual information about the planets and a great story which is literally, out of this world!



## Stòrlann air-loidhne

[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)  
[www.gaelic.education](http://www.gaelic.education)  
[www.gaelic4parents.co.uk](http://www.gaelic4parents.co.uk)  
[www.lasadh.co.uk](http://www.lasadh.co.uk)  
[www.go-gaelic.scot](http://www.go-gaelic.scot)  
[www.gaidhlig-nan-og.scot](http://www.gaidhlig-nan-og.scot)  
[www.anseotal.org.uk](http://www.anseotal.org.uk)  
[www.storlann.co.uk/ceumannan](http://www.storlann.co.uk/ceumannan)  
[www.storlann.co.uk/fileanta](http://www.storlann.co.uk/fileanta)

### Goireasan

[www.gaelic.education](http://www.gaelic.education)

### Tràth-irean

[www.gaidhlig-nan-og.scot](http://www.gaidhlig-nan-og.scot)

### Bun-sgoil

[www.go-gaelic.scot](http://www.go-gaelic.scot)  
[www.lasadh.co.uk](http://www.lasadh.co.uk)  
[www.storlann.co.uk/bi-sundach](http://www.storlann.co.uk/bi-sundach)  
[www.storlann.co.uk/fios-air-fuaimean](http://www.storlann.co.uk/fios-air-fuaimean)  
[www.storlann.co.uk/goireasan-canain](http://www.storlann.co.uk/goireasan-canain)  
[www.storlann.co.uk/ceaird-an-sgriobhaiche](http://www.storlann.co.uk/ceaird-an-sgriobhaiche)  
[www.storlann.co.uk/mathan](http://www.storlann.co.uk/mathan)  
[www.storlann.co.uk/iolaire](http://www.storlann.co.uk/iolaire)  
[www.storlann.co.uk/an-darna-cogadh](http://www.storlann.co.uk/an-darna-cogadh)  
[www.storlann.co.uk/giglets](http://www.storlann.co.uk/giglets)  
[www.storlann.co.uk/na-lochlannaich](http://www.storlann.co.uk/na-lochlannaich)  
[www.storlann.co.uk/beatha-le-buaidh](http://www.storlann.co.uk/beatha-le-buaidh)  
[www.storlann.co.uk/mirean](http://www.storlann.co.uk/mirean)  
[www.storlann.co.uk/gaidhlig-alba](http://www.storlann.co.uk/gaidhlig-alba)

### Àrd-sgoil

[www.storlann.co.uk/ceumannan](http://www.storlann.co.uk/ceumannan)  
[www.storlann.co.uk/fileanta](http://www.storlann.co.uk/fileanta)  
[www.storlann.co.uk/eaconamas-dachaigh](http://www.storlann.co.uk/eaconamas-dachaigh)  
[www.storlann.co.uk/tad](http://www.storlann.co.uk/tad) (Tobar an Dualchais)  
[www.storlann.co.uk/beurla/resources/mar-a-chuala-mise-e.html](http://www.storlann.co.uk/beurla/resources/mar-a-chuala-mise-e.html)  
[www.storlann.co.uk/goireasan/pasganan-obrach.html](http://www.storlann.co.uk/goireasan/pasganan-obrach.html)  
[www.storlann.co.uk/mealladh](http://www.storlann.co.uk/mealladh)  
[www.anseotal.org.uk](http://www.anseotal.org.uk)

### Eile

[www.storlann.co.uk/stem](http://www.storlann.co.uk/stem)  
[www.storlann.co.uk/buth](http://www.storlann.co.uk/buth)  
[www.storlann.co.uk/an-fhìdeag](http://www.storlann.co.uk/an-fhìdeag)  
[www.storlann.co.uk/feumalachdan-taic](http://www.storlann.co.uk/feumalachdan-taic)



### Na Meadhanan Sòisealta

[www.facebook.com/storlann](http://www.facebook.com/storlann)  
[www.facebook.com/gaelic4parents](http://www.facebook.com/gaelic4parents)  
[www.facebook.com/lasadh.gaidhlig](http://www.facebook.com/lasadh.gaidhlig)  
[www.facebook.com/cursanamfileantach](http://www.facebook.com/cursanamfileantach)

[www.x.com/storlann](http://www.x.com/storlann)  
[www.x.com/gaelic4parents](http://www.x.com/gaelic4parents)  
[www.x.com/anseotal](http://www.x.com/anseotal)  
[www.x.com/ceumannan](http://www.x.com/ceumannan)

[www.vimeo.com/storlann](http://www.vimeo.com/storlann)

[www.soundcloud.com/storlann](http://www.soundcloud.com/storlann)  
[www.soundcloud.com/gaelic4parents](http://www.soundcloud.com/gaelic4parents)  
[www.soundcloud.com/go-gaelic](http://www.soundcloud.com/go-gaelic)